



**COMHAIRLE NAN  
LEABHRAICHEAN**  
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

## COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

### POILEASaidh TRUSAIDH

Tionndadh den sgrìobhainn:	Tionndadh 3
Ceann-latha (ùraichte):	An t-Samhain 2017
Criochnaichte le:	R. Ward

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' tuigsinn gu bheil soirbheachadh na buidhne an eisimeil seasmhachd a luchd-cosnaidh. Tha a' Chomhairle airson cothroman a thoirt do na cosnaichean uile an làn-chomas a choileanadh, cho fada 's a ghabhas seo a dhèanamh taobh a-staigh cinn-uidhe na Comhairle, gu co-bhuannachd gach neach fa leth agus na buidhne.

Tha a' Chomhairle a' sireadh ri poileasaidh trusaidh a thoirt gu buil:

- a bhios a' brosnachadh agus toirt taic do leasachadh na buidhne agus a cosnaichean;
- a tha fosgailte, fosgarra agus ruigsinneach do na h-uile;
- agus a' dèanamh cinnteach gu bheil trusadh èifeachdadh is buadhach ga dhèanamh air an neach iomchaidh gu gach dreuchd a tha falamh.

Is e ar **n-amas** sgioba-obrach èifeachdadh a chur air bhonn, a' stèidheachadh miann airson sàr-mhathais nar cosnaichean, deòin air uallach fa leth a ghabhail os làimh agus gabhail ri co-obrachadh sgiobaidheil. Tha sinn a' gabhail gu nàdarrach ri ionracas phearsanta, dealas a thaobh fèin-leasachadh is fèin-earbsa agus ri cleachdadh ùr-ghnàthach.

Comharraichidh Comhairle nan Leabhraichean gu soilleir àite agus dleastanasan gach dreuchd agus mar a tha i a' cur ris a' bhuidheann gu h-iomlan, sùbailte mar a dh'fheumar nar cleachdaidhean obrach gu cosnaichean den chàileachd as àirde a tharraing agus a chumail.

Ni Comhairle nan Leabhraichean cinnteach gu bheil trusadh an luchd-obrach stèidhichte air farpais chothromach is fhosgailte agus co-ionannachd cothroim, agus gu bheil an ìre is structar na sgioba-obrach, a' gabhail a-steach structar rangachaidh 's an àireamh de luchd-obrach, iomchaidh do a ghnìomhan agus riatanasan de èifeachdas, buadhachd is eaconamaidh.

Ro sheòrsa sam bith de thrusadh, tha e riatanach molaidhean a thaobh sgioba-obrach a sgrùdadh agus a dhùbhlachadh, eadar gu bheil iad sin ag èirigh bho dhreuchd fhalamh taobh a-staigh na buidhne, tagraichean airson dreuchdan ùra no planaichean ath-structaraidh. Ceadaichidh am pròiseas sgrùdaidh seo do shealladh a ghabhail tarsainn na buidhne air a' bhuidheann san amharc gu h-obrachail, gu h-ionmhasail agus a thaobh goireasan daonna, de mholadh trusaidh sam bith. Tha am pròiseas cuideachd a' beachdachadh air mar a tha moladh sam bith a' freagairt air planaichean is ro-innleachdan corporra san fhad-ama. Thèid an sgrùdadh seo a ghabhail os làimh leis a' Cheannard no feadhainn eile mar a thathar ga fhaicinn iomchaidh leis a' Chathraiche agus am Bòrd.

Tha dleastanas air a' Cheannard, le taic bho riochdachadh bhon Bhòrd, airson fastadh gu na dreuchdan uile a tha fo ìre Ceannard. Tha dleastanas airson trusadh aig ìre Ceannard no os a chionn, a' fuireach aig a' Bhòrd.

A' leantainn air aonta gum bu chòir tagradh luchd-obrach a dhol air adhart gu trusadh, tha feum air an tuairisgeul obrach aontachadh agus a luachadh. Aon uair 's gu bheil structaran shreathan-stiùiridh is ìrean rangachaidh air an daingneachadh, agus gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn ag amalachadh ar prògram leasachaidh luchd-obrach le feumalachdan na buidhne, far an gabh sin a dhèanamh, bidh sinn a' tairgsinn dhreuchdan ùra do thagraichean air an taobh a-staigh mus tòisich sinn a' sireadh raon nas fharsainghe de thagraichean. Gabhaidh seo a-steach dreuchdan a tha maoinichte tro chom-pàirteachas, ach a' Chomhairle mar am prìomh fhastaiche. Tha an t-aon eadar-dhealachadh a thaobh a' phròiseas trusaidh air an taobh a-staigh, an lùib dhreuchdan aig ìre Ceannard a bhios air an sanasachadh air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.

## **Pròiseas Trusaidh air an Taobh A-staigh**

Bhiodh dreuchd fhalamh air an taobh a-staigh air a sanasachadh don luchd-obrach uile air post-d, agus tagraidhean gan iarraidh air foirm tagraidh coitcheann na Comhairle rin cur a-steach ron cheann-latha dheireannach ainmichte. Dheigheadh tagraidhean bhon taobh a-staigh ath-sgrùdadh agus a chur air geàrr-liosta air bhunait comasan, teisteanasan agus eòlas an tagraiche, air a thomhas mu choinneamh an tuairisgeul obrach agus an t-sònrachaidh pearsa.

Nam biodh na tagraiche(an) bhon taobh a-staigh a' coileanadh nan slatan-tomhais riatanach, dheigheadh am pròiseas trusaidh air adhart gu agallamh, leis a' phannal taghaidh a' tighinn gu co-dhùnadh an uair sin a thaobh fastadh, a' leantainn air a' phròiseas agallaimh.

Ann an suidheachadh dreuchd neo-àrdaichte, bidh an Ceannard agus an t-sreath-mhanaidsear gu h-àbhaisteach air a' phannal taghaidh. Airson dreuchdan nas àirde, bidh an Ceannard agus 2 bhall den Bhòrd gu h-àbhaisteach air a' phannal taghaidh. Airson dreuchdan maoinichte tro chom-pàirteachas, bidh an Ceannard agus 2 bhall den Bhòrd agus suas ri dà bhall de na buidhnean com-pàirteachais air a' phannal taghaidh.

Ma thèid neach a chur an dreuchd, thèid an obair a thairgsinn don tagraiche shoirbheachail bhon taobh a-staigh, agus cunnradh ùr ga chur a-mach nuair a tha an ceann-latha gluasaid air aontachadh.

Mura tèid neach a chur an dreuchd aig an ìre seo, ghluaisidh am pròiseas gun phròiseas trusaidh air an taobh a-muigh.

Thèid fiosrachadh air ais mu fhoirmean tagraidh agus agallamhan a thairgsinn do na tagraichean bhon taobh a-staigh uile, nuair a tha iad air deireadh a' phròiseas trusaidh air an taobh a-staigh, a ruighinn.

## **Pròiseas Trusaidh air an Taobh A-muigh**

Mura h-eil an dreuchd air a lìonadh bhon phròiseas trusaidh air an taobh a-staigh, dheigheadh iarrtasan a shireadh air an taobh a-muigh. Bhiodh na dreuchdan falamh sin air an sanasachadh air làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean agus ann am pàipearan-naidheachd nàiseanta / roinneil, foillseachaidhean proifeiseanta, làraich-lìn eile air an taobh a-muigh no meadhan sam bith eile a thathar a' meas freagarrach gu an luchd-amais riatanach a ruighinn. Bidh sanasachd air an taobh a-muigh uile proifeiseanta agus a' nochdadh ìomhaigh roghnaichte don chompanaidh a rèir sanasachadh corporra. Thèid na sanasan uile fhoillseachadh ann an Gàidhlig, 's e phrìomh riathanas ann an dreuchd le Comhairle nan Leabhraichean gum bi an tagraiche fileanta agus litearra ann an Gàidhlig.

Thèid tagraidhean iarraidh air foirm iarrtais coitcheann Chomhairle nan Leabhraichean, ri cur a-steach ron cheann-latha dheireannach a tha ainmichte. Tha an litir sa phasgan tagraidh ag aithris gu bheil cruthan eile rim faotainn agus gum bu chòir do thagraichean fios a chur gun Cheannard ma tha feum aca air atharrachaidhean a dhèanamh air a' phròiseas trusaidh, mar thoradh air ciorram.

Tha taghadh airson geàrr-liosta ga dhèanamh le dithis dhaoine aig a' char as lugha, gu h-àbhaisteach an Ceannard agus Cathraiche a' Bhùird Urrasairean no riochdaire ainmichte, stèidhichte air na riathanasan a tha air am mìneachadh san Tuairisgeul Obrach. Feumaidh na slatan-tomhais deatamach agus ion-mhiannaichte airson an fhoirm rèiteachaidh a bhith aontaichte ann an co-rèir ris na riathanasan san Tuairisgeul Obrach, mus dèanar geàrr-liosta.

Thèid na tagraidhean ath-sgrùdadh agus a chur air geàrr-liosta air bhunait a bhith freagarrach do na slatan-tomhais taghaidh aontaichte sin. Thèid beachdachadh air na tagraichean uile, a dh'aindeoin gnè, inbhe phòsta, creud, dath, cinneadh, tùs cinnidheach, nàiseantachd no ciorram, mu choinneamh

nan slatan-tomhais ro-mhìnichte san tuairisgeul obrach. Thèid tagraidhean bho thagraiche sam bith a tha a' nochdadh ciorram a chur gu fèin-ghluasadach air a' gheàrr-liosta, ma tha iad a' taisbeanadh gu bheil iad a' coileanadh nan slatan-tomhais dheatamach airson a' gheàrr-liosta.

Thèid gabhail ris na tagraidhean uile, a' comhairleachadh do thagraichean nuair a dh'fhaodadh iad coimhead air adhart ri tuilleadh conaltraidh. Thèid litrichean aithreachais a chur gu thagraichean uile nach eil a' faighinn agallamh, mus tèid na h-agallamhan a chumail.

Thèid thagraichean a tha gu bhith a' frithealadh agallamh a chomhairleachadh am feum no nach fheum iad taisbeanadh a dhèanamh don phannal agallaimh mar phàirt den phròiseas taghaidh, (5 làithean fios ro-làimh, aig a' char as lugha).

Gheibh na thagraichean cuireadh gu agallamh a fhrithealadh, leis a' phannal taghaidh a' tighinn gu dearbhadh a bheilear a' cur neach an dreuchd a' leantainn air a' phròiseas agallaimh. Bidh am pannal taghaidh gu h-àbhaisteach mar a tha e ann an 11 gu h-àrd. Chan fhaigh ach an fheadhainn a tha a' dèanamh an agallaimh, lethbhreacan de na foirmean tagraidh. Tha a' Chomhairle a' gabhail os làimh a dhèanamh cinnteach gu bheil an luchd-agallamh uile air an trèanadh gu freagarrach ann an sgilean agallaimh agus làn mhothachail do reachdas trusaidh làithreach.

A' leantainn gach agallamh, tha foirm comharraidh agallaimh ga lionadh leis gach ball den phannal gu neo-eisimeileach, agus notaichean gan sgrìobhadh a dh'fhaodar a chleachdadh ann an ais-fhiosrachadh do thagraichean. Aon uair 's gu bheil na h-agallamhan uile air an crìochnachadh, bidh am pannal agallaimh a' deasbad agus a' coimeasadh an sgòran do gach thagraiche a fhuair agallamh. Aontaichidh am pannal air sgòr dheireannach an uair sin do gach thagraiche. Aontaichidh am pannal an uair sin an dèan iad tairgse no nach dèan.

Thèid tairgse cosnaidh a dhèanamh don thagraiche(an) shoirbheachail agus aig an ìre seo, thèid teisteanasan a sgrùdadh, gu h-àbhaisteach ann an sgrìobhadh. Thèid teisteanasan a chumail ann am faidhle còmhla ris an fhiosrachadh tagraidh agus bidh a' Chomhairle gu h-ìomlan a' gèilleadh do riatanasan na h-Achd Dion Dàta.

Gheibh thagraichean nach robh soirbheachail fios ann an litir agus gheibh iad cothrom ais-fhiosrachadh air an tagradh 's an agallamh aca a shireadh, bho chathraiche a' phannail agallaimh.

Aon uair 's gu bheil an thagraiche air gabhail ris an dreuchd gu foirmeil, agus an ceann-latha tòiseachaidh air aontachadh, thèid an cunnradh a chur a-mach.

### **Pròiseas Trusaidh Fo-fhastaidh**

Far a bheil sin iomchaidh, faodar fo-fhastaidhean iarraidh airson dreuchdan stèidhichte. Cha bhi e an-còmhnaidh iomchaidh no eaconamach sanasachadh trusaidh àbhaisteach a chleachdadh do dhreuchdan a tha air am meas freagarrach airson fo-fhastadh. Anns a leithid sin de shuidheachadh, dh'fhaodadh gun tèid labhairt gu dìreach ri buidhnean freagarrach airson tagraidhean iarraidh mu choinneamh chothroman fo-fhastaidh.

Bhiodh a' Chomhairle a' sireadh ri dreuchd brioghmhor ball sam bith den luchd-obrach air an taobh a-staigh a ghleidheadh, ann an gabhail os làimh a leithid sin de dhreuchd ùine-chuibhrichte mar fho-fhastadh air an taobh a-staigh.

### ***Ùraichte mu dheireadh – An t-Samhain 2017***